

Coinneamh: Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd
Ceann-là/Àm: 24 Gearran aig 09.30
Àite: Microsoft Teams

Geàrr– chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Stewart MacLeòid (Cathraiche) [SML]

Dòmhnall K Mac a' Phì {DKM}

Raibeart Dunbar {DM}

An làthair:

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard [ED]

Jamie MacGillEathain, Co-òrdanaiche Corporra (A' clàradh a' gheàrr-chunntais) [JML]

Esther Scoburgh, Sgrùdadh Alba [ES]

Daniel Melly, Sgrùdadh Alba [DM]

Scott McCready, Wbg [SMC]

Chuir SML fàilte air Buill na Comataidh agus air a h-uile duine a bha an làthair aig a' choinneimh.

Cha robh leisgeulan ann.

1.2. A' nochdadh com-pàirt

Cha deach com-pàirtean sònraichte sam bith a nochdadh a bhiodh nan strì eadar com-pàirtean airson na coinneimh seo.

1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Molaidhean Sgrùdaidh

2.1. Inbhe nam Molaidhean Sgrùdaidh {Airson co-dhùnadh}

Thug NP sealladh farsaing seachad air inbhe nam molaidhean sgrùdaidh agus thug i seachad soilleireachadh beòil air mearachd a thaobh IAR29 agus IAR 30 (td.9). Chaidh puing soilleireachaidh a thogail le DKM air acronaim NCSC agus chaidh a mhìneachadh gun robh e a' ciallachadh National Cyber Security Centre - Ionad Nàiseanta na Tèarainteachd Saidhbear.

Chaidh ceist a thogail mu bhallrachd na buidhne seasmhachd. Chaidh a ràdh gur e tè de na buidhnean-obrach aig luchd-obrach taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig a th' anns a' bhuidhinn seasmhachd agus gu bheil i air a dèanamh suas de bhuill an luchd-obrach.

Dh'fhaighnich RD mu nithean air a' chlàr a tha air an comharrachadh le "Gun tòiseachadh fhathast" agus a bheil dùil gun tèid an coileanadh ro na cinn-latha crìochnachaidh a tha air an comharrachadh. Chaidh na puingean a leanas a thoirt fa-near:

- IAR 25 – thathar ag ath-sgrùdadh trèanadh agus thèid a chur an gnìomh mar phàirt den phlana trèanaidh agus tro na pròiseasan inntigidh far a bheil feum air sin.
- IAR 29/30 – thèid còmhraidhean a chumail ro dheireadh na Sultaine. Chaidh a thoirt fa-near gu bheil IAR 30 daonnan a' leantainn air adhart.

A thaobh IAO 5, chaidh a thoirt fa-near gun deach ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Phoileasaidh Ionnsachaidh is Leasachaidh agus gum biodh e air a thaisbeanadh dhan Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig deireadh an t-samhraidh.

Chaidh a chur an cèill gun robh dùbhlain luchd-obrach mu choinneamh Bòrd na Gàidhlig am-bliadhna ach gu bheil làn sgioba aig a' bhuidhinn a-nis.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill na Comataidh am pàipear.

2.2. Molaidhean In-sgrùdaidh {Airson co-dhùnadh}

Chaidh puing bheag a thogail gun robh eadar-dhealachadh san dòigh sa bheil an clàr-gnothaich agus am pàipear aghaidh a' toirt iomradh air an nì seo ('Molaidhean' agus 'Aithisgean') agus gur dòcha gum biodh 'Aithisgean' na b' iomchaidh san àm ri teachd.

Thug SMC geàrr-chunntas seachad air na trì aithisgean a bha nam pàirt den nì seo agus chomharraich e na beachdan agus na molaidhean le ìrean annta.

PT1 Sgeamaichean Tabhartasan Leasachaidh

Chomharraich SMC trì puingeann de dheagh-chleachdaidh agus aon mholadh aig ìre ìosal a thaobh ath-sgrùdadh air stiùiridhean deasg, a bha aig ìre dreachd. Dh'fhaighnich RD dè an ìre is gun robh an dreachd agus an tionndadh ùraichte eadar-dhealaichte. Chaidh a thoirt fa-near gur ann taobh a-staigh raon-ùghdarrais Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan a bha ùrachadh nan stiùiridhean, ach gur e atharrachaidhean beaga a bh' annta agus gun robh iad gan ùrachadh gus am biodh iad a rèir ùrachadh anns na modhan-obrach aithris.

Thog SML a' phuing gu bheil am pàipear a' toirt iomradh air sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd mar sgeama a bha sa mhòr-chuid do sgoiltean (PT1, td. 4) agus dh'iarr e soillearachd air seo. Chaidh a ràdh nach eil an sgeama do sgoiltean a-mhàin, ged a dh'fhaodas iad tagradh a dhèanamh, agus gur e adhbhar na maoine taic a thoirt seachad aig ìre coimhearsnachd. Chaidh aontachadh gun rachadh tuairisgeul nas ceart a thoirt do SMC air Taic Freumhan Coimhearsnachd. [Puing-gnìomh: NP]

PT2 Planadh Ro-innleachdail

Chomharraich SMC gun deach còig puingeann de dheagh-chleachdaidh a chomharrachadh aig Bòrd na Gàidhlig agus gun deach dà mholadh aig ìre ìosal a dhèanamh. Bha na molaidhean aig ìre ìosal co-cheangailte ri pròiseas planaidh corporra clàraichte agus trèanadh buill a' bhùird.

Thog RD ceist a thaobh seilbh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Mhìnich ED am pròiseas a thaobh foillseachadh a' phlana chrìochnaichte agus gu bheil e fo shealbh Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba. Tha am Plana Corporra stèidhichte air frèam-obrach agus molaidhean bho Riaghaltas na h-Alba. A thaobh moladh an in-sgrùdaidh, tha feum air barrachd fianais a thaobh planadh ro-innleachdail. Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 a' toirt mòran a bharrachd soilleireachd seachad air dreuchd Bòrd na Gàidhlig a thaobh na Ro-innleachd Nàiseanta.

Dh'fhaighnich DKM mu buaidh nam molaidhean sgrùdaidh air trèanadh buill a' bhùird. Chaidh a thoirt fa-near gu bheil feumalachdan trèanaidh air an toirt fa-near tron phròiseas measaidh agus tro mholaidhean. Tha an Sgioba-stiùiridh a' dèanamh ath-sgrùdadh air

raointean far gur dòcha gum bi feum aig Buill a' Bhùird air trèanadh ùrachaidh no trèanadh a bharrachd.

PT3 Rianachd Coileanaidh an Luchd-obrach

Shoilleirich SMC gu bheil ìre barantachaidh 'shusbainteach' aig Bòrd na Gàidhlig agus gur e seo an dàrna inbhe barantachaidh as àirde a th' ann. A rèir a' phàipeir, tha trì puingean de dheagh chleachdadh ann, aon aig ìre mheadhanach agus aon aig ìre ìosal. B' iad na molaidhean a rinneadh:

- Cho tric 's a bha Planaichean Obrach Pearsanta (POPan) air an cumail agus an robh e reusanta gun robh iad air an cumail cho tric
- Gum feumar am Poileasaidh Stiùireadh Coileanaidh ùrachadh.

Chaidh beachd a thoirt seachad cuideachd mun Phoileasaidh Trèanadh is Leasachaidh, air an deach iomradh a thoirt roimhe.

Thog DKM ceist mu POPan agus planaichean obrach. Shoilleirich NP gun robh i an làn dùil gun robh POPan gan dèanamh mar a bha dùil, ach gun robh dàil air a bhith ann a bhith a' luchdachadh suas na fianais gu PeopleHR. Chuir ED an cèill a-rithist cho cudromach 's a bha e POPan a chumail agus gun rachadh seo a bhrosnachadh do mhanaidsearan. Thog NP gu bheil planaichean obrach ag obair gu math do luchd-obrach corporra is rianachd leis gu bheil an obair chuirteach, ach airson cuid de roinnean taobh a-staigh na buidhne nach eil an t-uallach obrach cuairteach, agus mar sin gum biodh e mì-reusanta planaichean obrach a chur an sàs.

Dh'iarr Buill beachan bho luchd-sgrùdaidh a-muigh is a-staigh mu thricead POPan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill na Comataidh na trì aithisgean a chaidh a chur fa an comhair.

Tuairisgeul nas ceart de Thaic Freumhan Coimhearsnachd gu bhith air a chur gu SMC.

3. Rianachd Mhì-chinntean

3.1. Riaghladh Mì-chinntean Ro-innleachdail (Airson Co-dhùnadh)

Bhruidhinn NP air a' phàipear mu rianachd mhì-chinntean.

Chaidh ceist a thogail mu Amas Ro-innleachdail 3 (t.d.72) mu adhbhar agus nàdar an eòlaiche conaltraidh air an taobh a-muigh a bha gu bhith air fhadadh.

Mhìnich ED gu bheil fastadh eòlaiche conaltraidh bhon taobh a-muigh gu bhith ann mar phàirt de pròiseact aon-uair gus ròl agus gnìomhan Bòrd na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus an obair a thathar a' dèanamh a thaisbeanadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail.

4. Riaghladh

4.1. Lèirmheas Luach as Fheàrr (Ri Dheasbad)

Mhìnich NP an lèirmheas air luach as fheàrr agus thug i seachad co-theacsa air a shon.

Co-dhùnadh:

Chaidh deasbad a chumail mun lèirmheas luach as fheàrr. Dh'innis NP do Bhuill na Comataidh gum bi an Aithris Luach as Fheàrr air a' chlàr airson an ath choinneimh den chomataidh.

4.2. Prògram obrach Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd (airson co-dhùnadh)

Thug NP sealladh farsaing seachad air a' Phlana Obrach airson 2026-27 an coimeas ri plana obrach na bliadhna roimhe. Chomharraich NP gun tèid foirmean fèin-mheasaidh a sgaoileadh do Bhuill a' Bhùird a dh'aithghearr agus dh'iarr i gun tèid an cur air ais cho luath 's a ghabhas. Thèid beachdachadh air na foirmean fèin-mheasaidh aig a' chiad choinneimh den chomataidh ann am bliadhna ionmhais 2026-27.

5. GISBE

Cha robh gin ann.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 19/05/2026.

Dhùin an Cathraiche a' choinneamh aig 10:38m.

Deireadh an t-Seisein